



Tìotal: Feise

Pàirt 1: Mar a bhios daoine ri feise /A' chiad turas ri feise

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faighinn spèis agus a' toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus 's urrainn dhomh innse carson. HWB 3-44a</p> <p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideas, luachan is moraltachd buaidh air mo chòrdhaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 3-46a</p> <p>Tha fios agam mar a làimhsicheas mi suidheachaidhean a thaobh mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach agus tha mi ag ionnsachadh tuigse de ghiùlan ghnèitheasach iomchaidh. HWB 3-49a</p>	<ul style="list-style-type: none"> A' mìneachadh carson a tha dìlseachd, earbsa agus spèis aig meadhan cùraim dhutsa agus do dhaoine eile. Eòlach air na sgilean conaltraidh a dh'fheumar airson feise shàbhailte agus thlachdmhor, mar eisimpleir ag aithneachadh nuair a tha an t-àm freagarrach, cùram co-rèireach airson stad a chur air leatromachd nach eilear ag iarraidh, cleachdadh casg-gin, misneachd a thaobh stad a chur air suathadh feseil gun iarraidh.

Amasan ionnsachaidh

- Tha daoine òga a' faighinn eòlas bunaiteach mu bhith ri feise a' toirt a-steach fèin-bhrodadh còmhla, feise steachail faighean, feise beòil agus feise tòine.
- Bidh fiosrachadh bunaiteach a tha air a sgrùdadh ag amas air na tha daoine òga air ionnsachadh tro phòrn agus mar a thathar a' sealltainn feise a cheartachadh.
- Bidh an obair a' sgrùdadh cò ris a bhiodh a' chiad eòlas air feise coltach, air a dhealbhadh mar chòir dhaoine òga a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte nan dàimhean pearsanta is dlùth mar inbhich.
- Tha aois aonta air a dhaingneachadh.
- Thathas a' brosnachadh dhaoine òga gus dàil a chur air dol an sàs ann am feise.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na tha an lùib feise/gnìomhan feiseil.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha mi ag iarraidh bho dhàimhean.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil e ceart gu leòr gun a bhith ann an dàimh.
- Tha mi a' tuigsinn nach fheum feise a bhith na phàirt de dhàimhean romansach.
- Tha mi ag aithneachadh nan cuideaman a tha air daoine òga a bhith ri feise.

NÒTA: 'S dòcha gum faigh cuid de luchd-ionnsachaidh buannachd bho bhith ag ionnsachadh mun chuspair seo a' cleachdadh stuthan an Dàrna ìre. San t-suidheachadh sin cleachd stuthan an dàrna ìre **Ciamar a bhios daoine ri feise/Dè bhios iad a' dèanamh?** Tha obair eile aig an ìre seo (Treas/Ceathramh) air **Aonta** – na tha aonta a' ciallachadh ann an dàimh agus aois aonta.

NÒTA: 'S dòcha gum bi fiosrachadh sònraichte a dh'fheumaidh air daoine le feumalachdan sònraichte mun chuspair seo. Thoir sùil air na duilleagan seo sa ghòireas againn: <https://rshp.scot/learners-with-additional-support-needs-asn/> gheibh thu stuthan a bharrachd, goireasan, leabhraichean, dealbhan msaa.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Cairtean gnìomh: Feise airson a' chiad uair/Ceart no ceàrr
- Cairt/peansailean airson nan ceistean
- *Virginity* film goirid bho amaze.org (faid 2 mhion. 33) <https://youtu.be/W7jhGB63TPo>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Mìnich gur e a' chiad sheisean a tha seo de dhà mu fheise. Mar thoiseach-tòiseachaidh inns gu bheil cuid dhen fhiosrachadh bunaiteach air na ciad shlaighdean, 's dòcha gum bi fios aig na daoine' òga air cuid dhen, ach 's fhiach a dhol thairis air a-rithist. Cleachd na slaighdean/leugh puing mu seach agus dèan cinnteach à tuigse.

Dè th' ann am feise?

1. 'S e rud a th' ann am feise a bhios inbhich a' dèanamh nuair a tha gaol aca air a chèile no a tha iad measail air a chèile.
2. Feumaidh tu a bhith 16 no nas sine airson a bhith ri feise.
3. Nuair a tha cupall ag iarraidh a bhith ri feise, thèid iad gu àite prìobhaideach, me, an rùm-cadail aca. Bidh iad a' pògadh, a' cudaileadh agus a' suathadh bhodhaigean a chèile. Bidh iad a' suathadh phàirtean prìobhaideach a chèile.
4. Nuair as e boireannaich a th' anns an dithis ann an cupall, canaidh sinn gu bheil iad gèidh. Nuair as e boireannaich a th' anns an dithis ann an cupall, canaidh sinn gu bheil iad gèidh no leisbeach. Mas e fireannach agus boireannach a th' anns a' chupall canaidh sinn gu bheil iad eile-sheòrsach.
5. Bu chòir do fheise faireachdainn math. Bidh inbhich ag ionnsachadh dè tha a' còrdadh riutha agus dè nach eil.
6. Nuair a tha fireannach a' faireachdainn mar gu bheil e ag iarraidh a bhith ri feise ri chèile, fàsaidh am bod aige cruaidh. Canaidh sinn seasamh-buid ris an seo (no èirigh).
7. Nuair a tha boireannach a' faireachdainn mar gu bheil i ag iarraidh a bhith ri feise ri chèile, 's dòcha gum bi dèireach sa phit agus san fhaighean aice agus gum bi iad sleamhainn agus fliuch nuair a thèid suathadh annta.
8. Ma tha fireannach agus boireannach ri feise, faodaidh am fireannach a bhod a chur a-steach ann am faighean a' bhoireannaich agus a ghluasad a-mach agus a-steach.
9. Tha feise beòil a' ciallachadh gum bi fireannach no boireannach a' pògadh no ag imleach pàirtean prìobhaideach bodhaig an neach eile, me am bod no am faighean. Tha feise tòine a' ciallachadh gum bi fireannach a' cur a bhod a-steach a tholl-tòine fireannaich no boireannaich.
10. Nuair a bhios daoine ri feise, 's dòcha gum bi orgasm aca. Do bhoireannach 's e faireachdainn tlachdmhor a tha seo na bodhaig. Do fhireannach, ma bhios orgasm aige (no sìolachadh) bidh lionn geal a' tighinn às a' bhod chruaidh aige. Còrdaidh am faireachdainn seo ris.
11. Ma bhios orgasm aig fireannach (sìolachadh) agus a' bhod am broinn faighean boireannaich, gun chondom air, 's dòcha gun tachair an sìol ris an ugh. 'S e seo an dòigh anns am faod boireannach fàs trom le pàiste.

12. Ma bhios daoine ri feise gun chondoman, tha cunnart ann gun sgaiolear galaran gabhaltach feiseil (STI).

2. Iarr air na daoine òga còmhraidh ann am buidhnean de 2/3 – mìnich nach eil sìon ri sgrìobhadh no fios-air-ais ri thoirt seachad mun cheist air an t-slaighd.

Chaidh innse dhuinn dè th' ann am feise. A-nis bruidhnibh am measg a chèile agus smaoinichibh air a' cheist seo: Cò mu dheidhinn a dh'iarraidh sibh tuilleadh fiosrachaidh?

Can riutha gum bu chòir dhaibh feuchainn ri cuimhne a chumail air a' chòmhradh mar a tha an leasan a' dol air adhart, aig an deireadh thèid iarraidh orra smaoineachadh air rud sam bith a dh'fheumas barrachd cnuasachaidh.

3. **A' chiad turas ri feise:** Mìnich gu bheil thu a' gluasad air adhart gus beachdachadh air a bhith ri feise airson a' chiad uair. Gus tòiseachadh, a bheil daoine òga air am facal virgin a chluinntinn no a chleachdadh? A bheil fios agad dè tha am facal a' ciallachadh? Coimhead air an fhilm ghoirid spòrsail agus fiosrachail seo *Virginity* bho amaze.org (faid 2 mhion. 33) <https://youtu.be/W7jhGB63TPo> faigh smaointean no ceistean sam bith às a dheidh.

4. **Feise airson a' chiad turas: Ceart no ceàrr.** Iarr air na daoine òga obrachadh ann an triùirean/buidhnean beaga. Tha aca ri bruidhinn mu gach cairt agus cur romhpa co-dhiù a tha an fhreagairt ceart no ceàrr – faodaidh iad cuideachd mì-chinnteach a ràdh. Seo na th' air na cairtean:

- Faodaidh nighean fàs trom le leanabh a' chiad uair a bhios i ri feise ri balach.
- Tha e an aghaidh an lagh a bhith ri feise fo aois 16.
- Ma tha thu ri feise ro do 16mh co-là-breith, feumaidh tu a chumail dìomhair.
- Nì òl deoch-làidir ro-làimh feise nas fheàrr.
- Tha feise ceart a' ciallachadh nuair a chuireas balach/fireannach a bhod ann am faighean nighinn/boireannaich. Chan eil sìon eil a' cunntadh na fheise.
- Bidh a' chiad turas ri feise an-còmhnaidh goirt do nigheanan.
- Chan urrainn dhut bruidhinn ri do phàrantan no luchd-cùraim mu dheidhinn feise.

Às deidh beagan còmhraidh ann am buidhnean faigh fios air ais, seall na slaighdean 'freagairt' fear mu seach (faic an giorrachadh san Appendix) a tha a' toirt dhut freagairt/teasca. Dèanaibh còmhraidh/deasbad mar a tha thu a' meas freagarrach.

Ann an Earrann 3 tha an fhreagairt a' cleachdadh an fhacail **dìomhair**. Mìnich na tha seo a' ciallachadh mar a tha thu a' meas freagarrach.

A thaobh Earrann 7 brosnach còmhraidh mu na tha dùil aig pàrantan/teaghlach ris ma tha na daoine òga deònach. Dè na riaghailtean a th' aig an teaghlach acasan no dè tha dùil aca ris nuair a tha iadsan ann an dàimh. No dè tha dùil aca ris a thaobh cuin a tha e ceart gu leòr do neach òg a bhith ri feise? 'S dòcha gum bi daoine òga nas deònaiche sgrùdadh a dhèanamh: Nan robh thusa nad phàrant do dheugaire, dè na riaghailtean a bhiodh agad no a bhiodh tu a' sùileachadh?

5. **A' chiad turas ri feise: Dè bhios a' cur dragh air daoine òga?** Thoir pìos pàipeir airson nòtaichean dha na buidhnean beaga – a-rithist inns dhaibh nach bi thu a' cruinneachadh sìon a-staigh, ach bi

còmhradh agaibh mu na beachdan aca. Airson astar a chumail bho rudan pearsanta, inns dhaibh gu bheil thu airson gun smaoinich iad mu dhaoin' òga san fharsaingeachd, chan ann mun deidhinn fhèin. 'S e a' cheist: **A' chiad turas ri feise: Dè a bhios a' cur dragh air daoin' òga?**

6. Mus iarr thu fios air ais (airson còmhradh a thòiseachadh, seach a bhith a' cur cuideam air na daoin' òga), mìnich gu bheil slaighdean agad deiseil air a bheil feadhainn de na draghan cumanta a dh'fhaodadh a bhith air an liosta aca – obraich troimhe, a' deasbad agus a' faicinn an tàinig iad suas dha na daoin' òga mar atha thu a' dol air adhart.

Tha dragh air daoin' òga mu bhith ga dhèanamh ceart. Faodaidh an smuain mu bhith ri feise a bhith na rud mòr – tha sin fìor oir 's e rud mòr a th' ann. 'S e dòigh cudromach a th' ann san seall thu do neach mar a tha thu a' faireachdainn mun deidhinn. Ma dh'fhuiricheas sibh gus am bi an dithis agaibh deiseil, bidh e ceart gu leòr.

Tha dragh air daoin' òga mu na bodhaigean aca. Tha e cumanta a bhith a' smaoinichadh nach eil do bhodhaig foirfe. No nach eil do bhodhaig no do phit mar bu chòir. 'S e an fhìrinn gu bheil sinn uile eadar-dhealaichte. Agus ma chunnaic thu riamh dealbhan no bhidiothan de phòrn, tha e cudromach cuimhneachadh nach bi daoine àbhaisteach a' coimhead (no gan giùlan fhèin) mar seo.

Tha dragh air daoin' òga mu cuideam a bhith ri feise. Chan eil e ceart cuideam chur air neach eile aig àm sam bith gus rud a dhèanamh nuair nach eil iad deònach. Co-dhiù 's e cuideam a bhith ag òl deoch làidir, a bhith ri feise no ge bith dè. Bi misneachail agus làidir agus can 'chan eil ùidh agam ann idir, taing'.

Tha dragh air daoin' òga mura h-èil iad ris. 'S dòcha gun aithne dhut daoine mar-thà a tha beagan nas sine na tha thusa a tha a' ràdh gu bheil iadsan ri feise. Teansa mhath nach eil ge-tà. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoin' òga a' feitheamh gus am bi iad 16 mus beachdaich iad air a bhith ri feise.

Tha e doirbh aideachadh nach eil fios agad air rudan mu fheise. Tha e cudromach gum bi am fiosrachadh ceart agad, tha cothrom ann ceistean fhaighneachd nas fhaide air adhart.

A-nis agus sibh air bruidhinn mu na 'draghan' seo faighnich dha na buidhnean mu dhraghan sam bith eile a tha iad airson bruidhinn air – ma tha bruidhinn riutha mu smuaintean/beachdan.

7. Till chun an t-slaighd air an robh na ceistean seo: **Cò mu dheidhinn a dh'iarradh sibh tuilleadh fiosrachaidh?** Mìnich gu bheil dà chothrom aca an seo. A bheil ceistean no beachdan sam bith aig na daoin' òga an-dràsta? Cuideachd, thoir cairtean do gach buidheann agus iarr orra ceistean sam bith a tha iad ag iarraidh fhaighneachd gu dìomhair mu fheise no mu bhith ri feise airson a' chiad turas a sgrìobhadh. Cruinnich iad seo.
8. Thoir taing dha na daoin' òga airson pàirt a ghabhail san leasan agus crìochnaich le slaighd air an smaoinich na daoin' òga an-dràsta, ron ath sheisean.
Tha feise mu mar a tha thu a' faireachdainn nad cheann agus nad bhodhaig. Mar sin chan ann dìreach mu bhith 'ga dhèanamh' a tha e. Tha e mu na faireachdainnean agad cuideachd.

Ceangal ris an dachaigh


Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun t-sreath leasannan seo.

Mar phàirt den ionnsachadh againn mu dhàimhean, fallaineachd feise agus pàrantachd tha sinn a' cosg beagan ùine a' bruidhinn mu dheidhinn feise. Gheibh na daoine òga ionnsachadh soilleir agus bunaitich. Nuair a bhios sinn a' bruidhinn agus ag ionnsachadh mu dheidhinn feise tha sinn ag ràdh gu bheil feise mar phàirt de dhàimhean inbheach aig a bheil coibhneas, gaol agus dlùth-cheangal mar bhun-stèidh. Tha sinn airson gum bi daoine òga ag ionnsachadh mu dheidhinn feise ann an dòigh adhartach oir tha fios againn gum faic mòran dhiubh, eadhon aig an aois òg seo, ìomhaighean no stuthan pòrnagrafach a bheir dhaibh beachdan neo-dheimhinneach mu fheise agus dàimhean. Bidh na leasan a' sgrùdadh cò ris a bhiodh a' chiad eòlas air feise coltach, air a dhealbhadh mar chòir dhaoine òga a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte nan dàimhean pearsanta is dlùth mar inbhich. Tha daoine òga ag ionnsachadh mu aois aonta agus air am brosnachadh gus dàil a chur ann an dol an sàs ann am feise.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- A' dèanamh roghainnean/A' cur dàil ann am feise

Nòtaichean Tidseir



Ceart no ceàrr/teacs freagairt/slaighdean

- Faodaidh nighean fàs trom le leanabh a' chiad uair a bhios i ri feise ri balach. **CEART:** Ma tha an fheise a' ciallachadh am balach a' cur a bhod ann am faighean na h-ìghne gun chondom air, faodaidh nighean fàs trom le leanabh, eadhon ged is e seo a' chiad uair a bhios i ri feise.
- Tha e an aghaidh an lagh a bhith ri feise fo aois 16. **CEART:** 'S e aois aonta a chanas sinn ris an seo.
- Ma tha thu ri feise ro do 16mh co-là-breith, feumaidh tu a chumail dìomhair. **CEÀRR:** Faodaidh tu fhathast bruidhinn ri cuideigin aig a' chlionaig slàinte feise. Nì iad cinnteach gu bheil thu sàbhailte agus bheir iad comhairle, fiosrachadh agus taic dhut. Fiù 's ma tha thu fo 16, tha e dìomhair mura h-eil iad den bheachd gu bheil thu ann an cunnart no gun deach cron a dhèanamh ort ann an dòigh sam bith. 'S e Dìon Chloinne a tha seo.
- Nì òl deoch làidir ro làimh feise nas fheàrr. **CEÀRR:** Ma tha thu ag òl deoch làidir, tha barrachd teansa ann gun dèan thu rudeigin a bheir aithreachas ort. 'S dòcha gun aontaich thu a bhith ri feise ri cuideigin nuair nach eil thu dha-rìribh deònach. 'S dòcha gum bi thu ri feise gun chasg-gin no condoman.
- Tha feise ceart a' ciallachadh nuair a chuireas balach/fireannach a bhod ann am faighean nighinn/boireannaich. Chan eil dad sìon eile a' cunntadh mar fheise ceart. **CEÀRR:** Tha e an urra riutsa dè tha feise a' ciallachadh, tha thusa a' cur romhad dè tha a' còrdadh riut agus dè nach eil. Tha an lagh ag ràdh gu bheil feise a' gabhail a-steach fèin-bhrodadh còmhla, a' suathadh a chèile gu

feiseil, feise faighein (a' cur chorragan no bod a-steach dhan fhaighean), feise beòil agus feise tòine (a' cur chorragan no bod a-steach dhan toll-tòine).

- F. Bidh a' chiad turas ri feise an-còmhnaidh goirt do nigheanan. **CEÀRR:** Tha seo na dhragh, ach ma tha nighean/boireannach òg agus a cèile a' gabhail air an socair, a' faireachdainn cofhurtail agus a' cumail a' bruidhinn ri chèile, bidh e ceart gu leòr.
- G. Chan urrainn dhut bruidhinn ri do phàrantan no luchd-cùraim mu dheidhinn feise. **CEÀRR:** Uill, 's dòcha nach e an còmhradh as fhasa a bhios ann, ach tha rannsachadh a' sealltainn gun iarradh a' mhòr-chuid de dheugairean bruidhinn ri pàrant no neach-cùraim, agus gu bheil a' mhòr-chuid de phàrantan/luchd-cùraim ag iarraidh cuideachadh.